

# Cumail do choinneimh tro bhidio

## Tha conaltradh bhidio goireasach agus furasta

An àite a bhith a' siubhal gu coinneamh, thèid thu gu raon-feitheimh air-loidhne, a' cleachdadh a' cheangail gu h-ìosal.

Chithear gu bheil thu ann, agus nì solaraidhe ceangal dhut cho luath 's a bhios cothrom.

Chan fheumar cunntas a chruthachadh.

Bidh do cheangal bhidio tèarainte agus bidh do phrìobhaideachd air a dìon.



## Ciamar a fhrithealas mi mo choinneamh bhidio?

### Briog air:

### Dè dh'fheumas mi airson gairm bhidio a dhèanamh?

- ✓ **Inneal** airson ceangal bhidio a dhèanamh, leithid fòn tapaidh, tablaid no coimpiutair le camara agus glaodhaire (a tha gu tric an cois laptop).
- ✓ **Ceangal eadar-lìn seasmhach** (uèirichte, Wi-Fi no dàta siubhail). Mas urrainn dhut bhidio fhaicinn air-loidhne, bu chòir dhut a bhith comasach
- ✓ **Àite prìobhaideach le deagh sholas** fairson do choinneimh – far nach cuir duine eile dragh ort.

- ✓ Cleachd an riochd as ùire de **Chrome, Safari** no **Edge** airson na gairm bhidio as fheàrr.



Google Chrome  
Windows, Android,  
macOS



Apple Safari  
macOS, iOS,  
iPadOS



Microsoft Edge  
Windows

## Fiosrachadh cudromach

### A bheil e tèarainte / dìomhair?

Bidh seòmar bhidio prìobhaideach agad a tha fosgailte a-mhàin do dhaoine le cead.

Cha ghleidhear fiosrachadh a chuireas tu ann.

### Dè chosgais gairm bhidio?

Tha gairm bhidio an-asgaidh, ach a-mhàin na chosgais tu air an eadar-lìon.

**Fios!** Mas urrainn dhut, dèan ceangal ri lìonra wifi gus nach bi agad ri dàta siubhail a chleachdadh.

### Dè na chleachdas mi de dhàta eadar-lìn?

Cha chleachd a' ghairm bhidio dàta fhad 's a tha thu a' feitheamh ri neach eile.

An dèidh ceangal a dhèanamh, cleachdar uiread de dhàta 's a chleachdar le Skype® no FaceTime®.

## Ciamar a nì mi gairm bhidio?

1. Fosgail do bhrabhsair agus cuir seòladh-lìn na seirbheis a-steach don bhàr-sheòlaidh (seach am bogsa-luirg).

2. Nuair a tha thu deiseil:

- Briog air a' phutan **Start video call**, neo



- Briog air **Enter Waiting Area**.



3. Ceadaidh do bhrabhsair inntreigeadh a dhèanamh dha do chamara is maicreafòn.

4. Ceadaidh do bhrabhsair inntreigeadh a dhèanamh dha do chamara is maicreafòn..

5. Airson a' choinneamh a thoirt gu ceann, briog air **Leave**.



**Fios!** Gus duilgheadasan cumanta a rèiteachadh, ath-luchdaich an duilleag sa bhrabhsair agad.

**Fios!** Dèan gairm-dheuchainne ron choinneimh airson a bhith cinnteach gu bheil e ag obair.

1. Briog air **Test call**:



2. Ma thèid iarraidh ort, ceadaidh do bhrabhsair inntreigeadh a dhèanamh dha do chamara is maicreafòn. Bidh an siostam a' tomhas co-dhiù tha a h-uile càil ann an òrdugh (eadar-lìon, gladhaire, maicreafòn agus bhidio).



## Dè nì mi mura h-eil e ag obair?

Tadhail air <https://wales.nhs.attendanywhere.com/troubleshooting>

### Tuilleadh fiosrachaidh